

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

27/5/25, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Calum MacLeòid (sa Chathair) Calum Steele
Ingrid NicEanraig Lachlan Peel
Iain Moireasdan (Neach-amhairc)

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh)
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh)
Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)
Kristina NicChoinnich [KMCK] (Foghlainneach Ionmhais)
Kathryn NicAoidh [KMK] (Neach-taic Cunntasachd)
Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlas & Oighreachd) – puingean 1-9
Eunice McAdam & Zarine Manekshaw (Saffery) – puing 10
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (13/2/25) & GAE

3.1 Geàrr-chunntas - molaichte le Calum Steele agus daingnichte le Ingrid NicEanraig.

3.2 GAE - Comharraichte.

4. Riaghlachas na Comataidh

4.1 Bhruidhinn Cathraiche na Comataidh mun phàipear, le Aithisg Bhliadhnail na Comataidh agus Fèin-mheasadh na Comataidh airson 2024/25 agus clàr-obrach na Comataidh airson 2025/26 air beulaibh bhall.

4.2 **Co-dhùnadh**: dh'aontaich buill ri susbaint a' phàipeir.

4.3 **Gnìomh**: thèid am pàipear air adhart chun bhùird aig coinneamh air 12/6/25. (MAMI)

5. **Pasgan Cunntasachd Q4 2024-25**

5.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh nam ball.

5.2 Chaidh ceist a chur an robh an ùrachadh calpa a bhathas fhathast a' sùileachadh a' crochadh air maoineachadh calpa a bharrachd. Thuirt SMD gu bheileas ann an còmhraidhean le Riaghaltas na h-Alba agus gun deach pàipear aig àrd ìre thuca le iarrtasan airson airgead calpa.

5.3 A' coimhead air poileasaidh cunntasachd na buidhne, a tha a' sgrìobhadh dheth cosgais air uidheamachd IT thairis air trì bliadhna, chaidh ceist a chur an robhas ag ùrachadh an uidheamachd IT a rèir a' phoileasaidh cunntasachd, air neo a robhas a' cumail an uidheamachd nas fhaide. Chaidh innse gu bheileas gu tric a' cumail stuthan nas fhaide agus gur ann air sàillibh sin a tha cùl stòran na buidhne a' coimhead ìosal, oir tha mhòr chuid de luach an uidheamachd air a sgrìobhadh dheth.

5.4 Bha aithne ann nach eil e furasta cuairtean ùrachaidh a dhèanamh air uidheamachd an-dràsta, leis an t-atharrachadh a tha a' tachairt gu craoladh tron eadar-lìon, agus am barail gur e uidheamachd diofraichte a bhios a dhìth sna bliadhnaichean ri thighinn.

5.5 Thuirt an AO gu feumar sùil mhionaideach a chumail air an tuiteam ann an luach so-mhàoin na buidhne.

5.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

6. **OKR/KPI Dashboard Q4 2024/25**

6.1 Bha pàipear agus OKRan/KPIan air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.

6.2 Chaidh aithneachadh gun deach tòrr den fiosrachadh a chur mu choinneimh bhall mu thràth aig an taisbeanadh dèanadais.

6.3 San fharsaingeachd chaidh innse gu bheil fianais ann gu bheil ro-innleachd *short form* a' tòiseachadh ag obair, le bhith a' cur na susbaint far a bheil an luchd-amhairc gus lùghdachadh a dhèanamh air crìonadh luchd-amhairc.

6.4 A thaobh Mothachadh (Awareness) chaidh innse gu bheil an sgioba a' coimhead ri bheil dèanadas agus mothachadh dha-rìreabh a' dol còmhla, le beachd nach eil an luchd-amhairc cho mothachail air dè an ùrlar air an deach susbaint a choimhead.

6.5 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

7. Frèam-obrach Dearbhaidh

- 7.1 Bha *dashboard* agus aithisg adhartais air beulaibh bhall agus bhruidhinn KMK mun phàipear.
- 7.2 Chaidh deasbad a chumail mu dè am fiosrachadh a bhiodh feumail don Chomataidh a' dol air adhart.
- 7.3 Thèid Aithris 5 (Duty of care) a chumail aig àrd ìre an Sgioba Àrd-stiùiridh.
- 7.4 Thug buill fainear gur iad *Cybersecurity* agus *Value for Money* a bhiodh gan sgrùdadh sna mìosan air thoiseachd.
- 7.5 **Co-dhùnadh**: chaidh aontachadh nach eil feum air na h-aithisgean ràitheil ach gun deidheadh obair leasachaidh a dhèanamh air coltas an *dashboard*, a leigeas do bhuill an tuilleadh fiosrachaidh fhaicinn nam biodh iad ga iarraidh.
- 7.6 **Gnìomh**: thig *dashboard* leasaichte air beulaibh na Comataidh (KMK)

8. Clàr Riosgan

a) Clàr nan Riosgan

- 8.1 Bha aithisg agus clàr riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn UML mun phàipear.
- 8.2 #14 - leis a' BhBC ag ullachadh airson ùrachadh Cairt Rìoghail a' BhBC, chaidh innse gu bheil feum air an tuilleadh obrach a dhèanamh leis an DCMS agus Ofcom mu bhith a' dèanamh nam meadhanan Gàidhlig deiseil airson na h-ama ri teachd.
- 8.3 Thèid coimhead aig coinneamh a' Bhùird air am biodh e feumail Fo-Chomataidh a stèidheachadh gus coimhead ri ùrachadh Cairt Rìoghail a' BhBC.
- 8.4 Chaidh faighneachd an robh riosg atharrachadh poilitigeach a' faighinn gu leòr aithne.
- 8.5 #11 – le Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh air tòiseachadh, bha aithne ann gu bheil còmhraidhean a' dol le diofar chom-pàirtichean agus gu bheileas ag obair air ro-innleachdan airson nan nithean seo.
- 8.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.
- 8.7 **Gnìomh**: thèid riosg 11 a lùghdachadh bho dhearg gu buidhe. (UML)

b) Lèirmheas air Clàr nan Riosgan

- 8.8 A' leantainn na bùtha-obrach a chaidh a chumail sa Mhàrt, bha pàipear air beulaibh bhall le cinn-deasbaid airson an dòigh as fheàrr a bhith a' cur riosgan air beulaibh na Comataidh agus a' Bhùird agus chaidh deasbad a chumail.
- 8.9 Bha aithne ann gum b' urrainnear neartachadh a dhèanamh air dè tha a' tighinn chun Chomataidh agus an uair sin chun Bhùird.

- 8.10 Bha beachd ann gu faodadh an ceangal eadar clàr nan riosgan agus miann riosg a bhith nas soilleire agus gum b' urrainn do mapa ro-innleachd riosg cuideachadh le seo.
- 8.11 Bha aithne ann gu bheil cuid de na riosgan air an taobh a-muigh agus nach eil mòran smachd ann orra.
- 8.12 **Co-dhùnadh:** 1) bha buill ag aontachadh gu robh clàr riosgan mar inneal bhunaiteach; 2) faodar measadh domhainn air aona riosg a chumail aig coinneamhan a rèir feum, cho fada 's a tha an cuspair fo bhuidhe na buidhne.
- 8.13 **Gnìomh:** thig eisimpleir de Mhapa Riosg Ro-innleachdail air beulaibh na Comataidh aig an ath choinneamh, feuch an obraich sin mar bhonn-breithneachaidh airson a' Bhùird. (UML)

9. Plana Leantainneach Gnothaich

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 9.2 Gach bliadhna, bidh am Plana Leantainneach Gnothaich dha chur fo dheuchainn. Am-bliadhna chaidh am Plana fhèin fo sgrùdadh bhon taobh a-muigh agus thàinig molaidhean leasachaidh a-mach às an sgrùdadh.
- 9.3 Chaidh innse gun thèid na chaidh ionnsachadh a chur an gnìomh mar an treas loidhne dìon, thèid seisean a chur air dòigh leis an sgioba gus a dhol thairis air na molaidhean agus thèid ionnsachadh/trèanadh a chur air dòigh airson buill ùra an sgioba
- 9.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.
- 9.5 **Gnìomh:** an dèidh an sgrùdadh air *Cybersecurity* a bhith ullamh, thèid coimhead ri ionnsaidh saidhbear mas fhìor a chur fo dheuchainn. (UML)

10. Cuisean Deireadh na Bliadhna – 31 Màrt 2025

Chaidh fàilte a chur air EM agus ZM chun na coinneimh.

a) Cunntasan reachdail

- 10.1 Bhruidhinn SMD mu na cunntasan a bh' air beulaibh bhall.
- 10.2 Chaidh innse gu bheil cùisean mar bu chòir ach nam biodh atharrachaidhean susbainteach a' tighinn am bàrr gun deigheadh fiosrachadh a chumail ris a' Chomataidh.
- 10.3 **Co-dhùnadh:** mhol a' Chomataidh na cunntasan chun bhùird.
- 10.4 **Gnìomh:** thèid na cunntasan an cuir air beulaibh a' bhùird air 12/6/25 airson aonta. (SMD)

b) Aithisg an Luchd-sgrùdaidh

- 10.5 Thaisbean EM agus ZM bho Saffrey aithisg sgrùdaidh dheireannach an luchd-sgrùdaidh gu buill.

- 10.6 Chaidh innse gun deach am pròiseas sgrùdaidh gu math rèidh. Bha an luchd-sgrùdaidh toilichte leis na h-àireamhan agus gun robh iad a' riochdachadh sealladh fìor is chothromach de staid MG ALBA aig 31 Màrt 2025.
- 10.7 Chaidh an neach-sgrùdaidh tron aithisg a' tarraing air diofar phuingean anns an aithisg. San fharsaingeachd chaidh a h-uile càil mar bu chòir agus cha deach draghan sam bith a thogail.
- 10.8 Chaidh Mearachdan nach deach a Cheartachadh (Uncorrected Misstatements) agus Mearachdan a chaidh a Cheartachadh (Corrected Misstatements) an comharrachadh. Cha robh iad a' toirt buaidh air toradh an sgrùdaidh.
- 10.9 Thug EM seachad taing chun sgioba airson an taic agus thug an AO agus SMD seachad taing do Saffrey.
- 10.10 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte agus thug iad seachad meal-a-naidheachd don sgioba airson aithisg cho soirbheachail.
- 10.11 **Gnìomh:** thèid am pàipear air beulaibh a' bhùird air 12/6/25. (SMD)
c) Aithisg Bhliadhnail MG ALBA 31/3/25
- 10.12 Bha teacs an Àird-Oifigeir, an Cathraiche agus an Aithris Riaghlaidh air beulaibh bhall.
- 10.13 **Co-dhùnadh:** Bha buill riaraichte.
- 10.14 **Gnìomh:** 1) thèid an teacs air fad air beulaibh a' Bhùird airson aonta air 12/6/25. (MAMI)
d) Fiosrachadh Foillseachaidh Bhuidhnean Poblach
- 10.15 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 10.16 **Gnìomh:** thèid a chuir air làrach-lìn na buidhne. (MAMI)
e) Dàta HR
- 10.17 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh co-cheangailte ri Pàigheadh Ghnè agus chaidh deasbad a chumail.
- 10.18 Bha aithne ann gur e dùbhlán a tha seo, le co-mheas de 2:1 boireannaich ri fireannaich ach le tuarastal meadhanach 14% nas àirde aig fireannaich seach boireannaich.
- 10.19 Chaidh a ràdh gu bheil e na mhisneachd gu bheil obair a' dol in-thaigh a thaobh EDI a chuidicheas le cùisean.
- 10.20 Thathas a' leantainn le obair gus a' bheàrn a lùghdachadh, le lèirmheas dha dhèanamh air cleachdaidhean agus poileasaidhean gus a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig seo air a' bhuidheann a lùghdachadh.
- 10.21 Bha aithne ann gu faodadh am modh-obrach (methodology) airson a bhith a' tomhas a' bheàrn cumadh meallta a chur air na figearan, agus gu feumadh suim a thoirt do nithean leithid obair pàirt-ùine agus *overtime*.
- 10.22 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

10.23 **Gnìomh:** thèid comhairle a ghabhail air modh-obrach tomhais Beàrn Pàighidh Ghnè. (SMD)

11. (Ath) Cur an Dreuchd Luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh

11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh ath-chur-an-dreuchd an Luchd-sgrùdaidh.

11.2 **Co-dhùnadh:** mhol a' Chomataidh don Bhòrd slàn gu tèid Saffery LLP an daingneachadh mar an luchd sgrùdaidh airson 2025-26.

11.3 **Gnìomh:** thèid am moladh air adhart chun Bhùird air 12/6/25. (SMD)

12. Aithisg cleachdaidh cairtean creideis

12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air ceumannan smachd a bharrachd a chaidh thoirt a-steach gus dèanamh cinnteach gu bheil caiteachas cairt creideas air a cheadachadh gu h-ìomchaidh. Gu h-eachdraidheil, cha robh feum air òrdugh ceannachd airson cosgaisean cairt creideas. Tha am poileasaidh a-nis ag ràdh gum bu chòir do phàighidhean cairt-creideis na h-aon riaghailtean solair is ùghdarrais a leantainn ris a huile cosgais eile. Chaidh seo a chur an gnìomh san dàrna leth den bhliadhna agus tha e soilleir gu bheil e a' dol gu math.

12.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

13. Poileasaidhean

13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh chuid a phoileasaidhean a tha an-dràsta sa bheart ach le dreach Poileasaidh Foill air beulaibh bhall airson aonta.

13.2 **Co-dhùnadh:** dh'aontaich buill ris a' Phoileasaidh.

13.3 **Gnìomh:** thèid a chomharrachadh leis a' Bhòrd agus fhoillseachadh. (SMD)

14. GISBE

Cha robh gin.

15. Deit na h-ath choinneimh – 10/9/25

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: